

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle na Gàidhealtachd:

- sgìre-sgoile Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a shuidheachadh airson Bun-sgoil Mount Pleasant. Bidh an sgìre-sgoile seo a' gabhail a-steach nan sgìrean-sgoile a tha ann an-dràsta airson Foghlam Meadhan Beurla airson Bun-sgoil Mount Pleasant, Bun-sgoil Acadamaidh Miller, Bun-sgoil Pennyland, Bun-sgoil Castletown, Bun-sgoil Crossroads, Bun-sgoil Halkirk agus Bun-sgoil Reay. Bidh ullachaidhean sònraichte air an cur air chois airson còmhhdail gu agus bho Inbhir Theòrsa airson sgìrean-sgoile nan ceithir bun-sgoiltean mu dheireadh; agus
- le sùil ri bhith a' stèidheachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa bho 2020-21, aithneachadh gum bi an sgìre-sgoile airson Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa air a cur air chois airson Foghlam Meadhan na Gàidhlig agus na Beurla bhon Lùnastal 2020.

An t-Sultain 2019

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a rèir cumhachan Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010 (“Achd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a thabhann mu mholadh Chomhairle na Gàidhealtachd sgìre-sgoile a shuidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) aig Bun-sgoil Mount Pleasant. Ann a bhith ag ullachadh airson clann a bhith a’ dol air adhart gu Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa, bidh sgìre-sgoile Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa a’ buntainn ri FMG agus tro mheadhan na Beurla bhon Lùnastal 2020 agus on sin air adhart. Tha Earrann 2 den aithisg a’ cur an cèill geàrr-fhiosrachadh mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a’ cur an cèill beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan an fhoghlaim den mholadh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach a chuireadh an cèill le luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a’ toirt geàrr-iomradh air beachd an Luchd-sgrùdaidh san fharsaingeachd mun mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a’ cur riathanas air a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aige ullachadh. Bu chòir don aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a’ chomhairle an aithisg seo a ghabhail a-steach agus mìneachadh a bhith ann den dòigh, ann a bhith a’ tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, a tha e air lèirmheas a dhèanamh air a’ mholadh a bha ann o thùs, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus am freagairt a thug a’ chomhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e chun a’ cho-dhùnaidh dheireannaich.

1.2 Bheachdaidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus daoine òga sna sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh’fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-latha foillseachaidh a’ phàipeir molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh;
- mar a tha a’ chomhairle am beachd droch bhuaidhean sam bith a dh’fhaodadh èiridh bhon mholadh a lùghdachadh no sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle a’ creidsinn a thig mar thoradh air a bhith a’ cur a’ mholaidh an sàs, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a’ tighinn gu na beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air gach obair-pàipeir buntainneach air a thoirt seachad leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte an aithris mu na buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte ri seo, tagraidhean sgrìobhte agus air an labhairt bho phàrantan agus feadhainn eile;
- beachdachadh air tuilleadh fiosrachaidh mu gach sgoil air a bheil seo a’ toirt buaidh; agus

- cuairtean gu Bun-sgoil Mount Pleasant agus Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa gus bruidhinn mu dheidhinn a' mholaidh ri co-chomhairlichean iomchaidh thar nan sgìrean-sgoile a thathar a' moladh.

2. Am pròiseas co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh a' cho-chomhairleachadh air a mholadh (mholaidhean) a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Bha am pròiseas co-chomhairleachaidh a' ruith bho 4 Ògmhios 2019 gu 30 Lùnastal 2019. Rè an ama sin, chùmh a' chomhairle coinneamh phoblach aig Bun-sgoil Mount Pleasant. Bha 19 ball den phoball an làthair, cho math ri buill bhon chomhairle agus riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha fiosrachadh sna pàipearan ionadail agus air seirbheisean air-loidhne na comhairle. Chaidh innse do luchd-co-chomhairleachaidh reachdail, a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, clann, luchd-obrach agus Bòrd na Gàidhlig mun cho-chomhairleachadh. Dh'fhoillsich a' chomhairle pàipearan mun cho-chomhairleachadh air a làrach-lìn. Sgaoil iad cuideachd pàipearan gu làn raon de luchd-ùidh agus feadhainn aig an robh ùidh sa chùis.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' moladh sgìrean-sgoile a shuidheachadh airson FMG gus a bhith a rèir an reachdais. Cha mhòr nach robh an luchd-co-chomhairleachaidh air fad, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, taiceil dhan mholadh. Bha iad ag aithneachadh nam biodh beagan a bharrachd obair air a dhèanamh, gun soilleiricheadh am moladh mar a tha FMG ri fhaotainn taobh a-staigh Buidheann Com-pàirteachaidh na Sgoile aig Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa.

3.2 Tha aithris na comhairle mu na buannachdan foghlaim a' toirt cunntas air na buannachdan a tha an cois dà-chànanas agus fileantas sa Ghàidhlig. Bha grunnan den luchd-co-chomhairleachaidh a' faireachdainn gum faigheadh barrachd chloinne agus daoine òga buannachd bhon mholadh seo tro adhartachadh na b' fheàrr air FMG.

3.3 Bha luchd-co-chomhairleachaidh ag aontachadh gun robh e feumail gun robh am moladh a' toirt mion-fhiosrachadh mu chuid de na h-ullachaidhean còmhhdail do chlann agus daoine òga a bha a' dol tro FMG. Nan deigheadh am moladh a chur an sàs, dh'fheumadh a' chomhairle barrachd fiosrachaidh a thoirt mu bhith a' giùlain chloinne gu sàbhailte gu agus bho Bun-sgoil Mount Pleasant an uair a tha na h-uairean tòiseachaidh agus crìochnachaidh eadar-dhealaichte bho uairean Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa.

3.4 Bha uaill aig an luchd-co-chomhairleachaidh san fhileantas sa Ghàidhlig a bha aig a' chloinn ann am FMG aig Bun-sgoil Mount Pleasant. Aig an ìre seo, tha misneachd luchd-ùidh air lùghdachadh leis an dith soilleireachaidh a tha ann mun dòigh a bhios adhartas ann am FMG air a thoirt air adhart aig ìrean na h-àrd-sgoile. Dh'iarr pàrantan cuideachd gum biodh ullachaidhean gluasaid èifeachdach air an cur nan àite gus taic a thoirt do shunnd agus ionnsachadh na cloinne an uair a bhiodh iad a' gluasad bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile. Ann a bhith a' dol air adhart, bu chòir don aithris buannachd foghlaim glacadh ann an dòigh nas ro-innleachdail mar a tha curraicealam FMG 3-18 a' neartachadh na feallsanachd airson a bhith a' deilbh sgìrean-sgoile. Bu chòir do phàrantan agus com-pàirtichean a bhith an làn sàs ann an seo, agus a bhith na dhòigh-aithris cho-roinnte mun dòigh sa bheil am moladh seo a' gabhail a-steach buannachdan foghlaim nas mionaidich airson clann agus daoine òga ag ionnsachadh tron Ghàidhlig agus Beurla.

4. Geàrr-iomradh

San fharsaingeachd, tha comas aig moladh na comhairle a thighinn gu bhith na bhuannachd foghlaim do FMG. Tha fìor uallachaidhean aig luchd-co-chomhairleachaidh, ris am feum a' chomhairle dèiligeadh na aithisg dheireannach. Tha iad sin a' cuimseachadh air FMG adhartachadh, còmh dhail agus a' toirt air adhart FMG 3-18 mar leantail eachd ionnsachaidh.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
An t-Sultain 2019**